



## Leasan 17: Mionachan Beag agus Mionachan Mòr

### 1. An Sgeulachd

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/44230>

### 2. Gnìomhan do Sgoilearan

#### a. Ceistean

Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean, a' cleachdad nam faclan agad fhèin.  
Eòghan MacFhionghain à Eige ag innse sgeulachd do Dhòmhnull Eairdsidh Dòmhnullach  
(Sgoil Èòlaïs na h-Alba).

1. Dè bha Mionachan Beag agus Mionachan Mòr a' buain sa choille?
2. Carson a bha Mionachan Mòr ag iarraidh slat a ghearradh?
3. Dh'iarri an t-slat air Mionachan Mòr tuagh fhaighinn an toiseach.  
Chuir seo e air turas fada, air tòir diofar rudan. Tha dusan rud uile-gu-lèir anns an t-sreath. Sgrìobh iad san òrdugh cheart.
  1. Slat
  2. Tuagh
  3. —
  4. —
  5. —
  6. Gadhar
  7. —
  8. —
  9. —
  10. —
  11. —
  12. Sop bhon ghille
4. Dè bha air tachairt do Mhionachan Beag nuair a thill Mionachan Mòr?

#### b. Ealain

Dèan dealbh-chluich bheag sa chlas le gach duine ann an riochd fear de na rudan a tha Mionachan Mòr an tòir air. Dèan clàradh dheth.

No:

Dèan comaig a bhios a' sealltainn mar a thachair do Mhionachan Mòr agus Mionachan Beag.  
Cleachd dathan agus uaim!

### 3. Stuthan Taic

#### a. Briathrachas

**a' buain** – a' gearradh no a' spònadh bàrr, measan agus mar sin air adhart.

**a' stràcadh** – a' bualadh

**tuagh** – uidheam airson fiodh a sgoltadh

**a bheileas** (bhon fhacal beil) – a' bleith; a' pronnadh gràn gus min a dhèanamh

**clach-mheuraidh** – clach airson bleith

**gadhar** – cù mòr seilge

**sop** – sràbh, fodar

#### b. Gearr-chunntas

Chaidh Mionachan Beag 's Mionachan Mòr a bhuan chnothan. Mar a bhuaineadh Mionachan Mòr, dh'itheadh Mionachan Beag. Chaidh Mionachan Mòr a dh'iarraidh slat airson Mionachan Beag a bhualadh gus nach itheadh e ach beagan chnothan. Thuirt an t-slat: "Chan fhaigh thu mise gus am faigh thu tuagh a bhuaineas mi." Bha an tuagh ag iarraidh clach a bheileadh e agus mar sin air adhart, gus an d' fhuair Mionachan Mòr: sopan dhan mhart, deuran dhan chat, cat a ruitheas luch, luch a sgrìobas ìm, ìm a chasas gadhar, gadhar a ruitheas fiadh, fiadh a shnàmhais uisge, uisge a fhliuchas clach, clach a bheileas tuagh, tuagh a bhuaineas slat, agus slat a ghabhas air Mionachan Beag mun ith e ach beagan chnothan.

Nuair a thill e, bha Mionachan Beag air spreidheadh leis na dh'ith e dhe na cnothan.

#### c. Sgeulachd Mhòr nan Gàidheal

Aig aon àm, bhiodh a h-uile pàiste le Gàidhlig eòlach air an sgeulachd seo. A rèir Iain Fhrangain Chaimbeil (Iain Òg Ìle), a chuir ri chèile an cruinneachadh de sgeulachdan traidiseanta Gàidhlig, air an tionndadh gu Beurla, Popular Tales of the West Highlands: "Bhiodh e air a theagasc sa chumantas do chloinn còig no sia bliadhna a dh'aois." Ann an tionndaidhean eile den sgeulachd, 's e Biorachan a tha air an dithis. Bidh muinntir na Beurla Ghallta a' fàgail Tappietourie orra – càrnach beag cruinn. Uaireannan, tha ainmean diofraichte orra, ach bidh iad an-còmhnaidh a' tòiseachadh leis an aon litir. Gheibhear iad ann an Èirinn agus anns na coimhearsnachdan Gàidhealach ann an Alba Nuadh agus san Talamh Ùr.

## 4. Fiosrachadh Eile

### a. Am Fiosraiche

Eòghann MacFhionghain. Rugadh agus thogadh e ann an Clèadail, Eige. B' e croitear a bh' ann. Tha iomadh clàr aige air làrach-lìn Tobar an Dualchais. Dh'eug e ann an 1972.

### b. Ceanglaichean

Tha an sgeulachd seo a' nochdadh ann an iomadh cruth fo thiotl eile cuideachd, Biorachan Beag agus Biorachan Mòr.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/43062/1>

Biorachan Beag agus Biorachan Mòr a' buain chnothan, air innse le Peigi Dhòmhnaillach à Uibhist a Deas.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/36041/1>

Biorachan Beag agus Biorachan Mòr, air innse leis a' Bh-ph. Chaimbeul. Chaidh a clàradh faisg air Taigh an Uillt, ann an Earra-Ghàidheal, ann an 1958.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/55259/1>

Biorachan Beag agus Biorachan Mòr a' cruinneachadh chnothan. Air innse le Nan Eachainn Fhionnlaidh à Bhatarsaigh.

Gheibhear tionndadh do chloinn na bun-sgoile an seo aig Gaelic4Parents

<https://soundcloud.com/gaelic4parents/biorachan-beag-agus-biorachan>

*Chaidh an leabhar Biorachan Beag agus Biorachan Mòr* fhoillseachadh le Fèisean nan Gàidheal ann an 2004, air a sgrìobhadh le Douglas Beck (ISBN-13: 9780952868729).

## 5. Freagairtean

Tidsearan: cuiribh post-d gu dualchas@smo.uhi.ac.uk gus lethbhreac de na freagairtean airson nan leasanan air fad fhaighinn.